

# A' TEAGASG AIR-LOIDHNE

do Bhlasad Gàidhlig

## Fuaim & Camara

Dèan cinnteach gu bheil camara math agad.

Dearbhaich gu bheil an fhuaim freagarrach airson na tha thu a' dèanamh m.e. a' cluich ionnsramaid, a' seinn, a' bruidhinn agus cleachd mic fa-leth ma tha sin a dhìth.



## Solais & Suidheachadh

Dèan cinnteach gu bheil an laptop suidhichte ann an àite far am faic a' chlann thu gu soilleir agus gu dìreach. Cleachd solais an latha mas urrainnear, no cuir lampa no lampa fàinneach air do bheulaibh.

## Feuchainn & Deuchainn

Dèan deuchainn leis an teicneòlas ron chiad chlas gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile rud ag obair!



# A' TEAGASG AIR-LOIDHNE

do Bhlasad Gàidhlig



## Planadh

Tha planadh do leasan air-loidhne cudromach. Mar as àbhaist, bidh leasan nas giorra air-loidhne na aghaidh ri aghaidh. Obraich a-mach nas urrainn dhut a dhèanamh leis an ùine gus am faigh a' chlann cothrom sùil a thoirt air na rinn iad roimhe agus rudeigin ùr ionnsachadh.

## Cùm Beòthail e!

Nuair a tha thu a' teagasg air-loidhne, tha e furasta gun a bhith a' gluasad bhon deasg. Ach do mhòran phàistean, tha ionnsachadh gnìomhach cudromach ann a bhith a' cumail greim air fiosrachadh. Cluich geama, teagaisg òran dhaibh no cleachd gnìomhan.

## Cuir Fios don Sgoil

Mura nochd clas no ma tha trioblaidean teicnigeach aca, cuir fòn don sgoil gus am bi fios agad na tha a' tachairt agus airson taic a thoirt dhaibh.



# GEAMAICHEAN & ÒRAIN DO BHLASAD GÀIDHLIG AIR-LOIDHNE

Mas e oide Blasad Gàidhlig a th' annaibh, dèanaibh cinnteach gun lean sibh Pasgan BG agus gun ceangal sibh gach geama ris a' chuspair a tha sibh a' teagasg.

## Làmh agus Cas

Freagarrach do: aois sam bith, a rèir cia mheud àireamhan a nì thu.  
Cuspair: àireamhan

Dreach Gàidhlig air Funky Chicken, glè mhath airson àireamhan a dhaingneachadh. Bidh a' chlann a' tòiseachadh len làmhan deasa gu h-àrd ag ràdh na h-àireamhan 1-5 's iad a' crathadh an làmhan. Nì iad seo an uair sin air an làmhan clì, an casan deasa, an casan clì agus len tòin! Bidh iad an uair sin ga dhèanamh 1-4, agus a' cumail a' dol gu 1. Crìochnaichidh iad le bhith ag èigheach *tha gu math*, leis na h-òrdagan aca an àird. 'S e amas a' gheama a dhèanamh cho luath 's a ghabhas.

## Suas gu 10

Freagarrach do: Clas 3-7  
Cuspair: àireamhan no faclan òrain m.e. Dathan aig a' Bhogha-fhrois.

Amas a' gheama – gun can an clas na h-àireamhan (0-10/1-10) tè mu seach le aon neach a-mhàin ag ràdh gach àireamh. Tha seo math airson obair-sgioba a bhrosnachadh. Bidh iad a' conaltradh le bhith a' lorg beàrn far an urrainn dhaibh leum a-staigh leis an ath àireamh san t-sreath. Ma chanas barrachd na aonan an àireamh, no ma chanas iad an àireamh cheàrr, feumaidh iad uile tòiseachadh bhon toiseach a-rithist.

## Solais Trafaig

Freagarrach do: aois sam bith, gu h-àraid Sgoil-àraich - Clas 4

Cuspairean: dathan, faireachdainnean, beathaichean – sùbailte

Cleachd priob-chairtean leis na dathan orra airson a' gheama seo.

**Dearg** = stad, **orains** = ruith/coisich air an spot agus **uaine** = ruith/coisich mun cuairt a' chlas. Dh'fhaodar na dathan agus gnìomhan a leudachadh m.e. **gorm** = danns, **purpaidh** = leum. No, dh'fhaodar an cuspair atharrachadh m.e. **dearg** = crosta, agus feumaidh iad coiseachd mun cuairt gu crosta.

## Balbh-chluiche

Freagarrach do: aois sam bith

Cuspairean: faireachdainnean, beathaichean, cur-seachadan

A rèir an cuspair a tha thu a' teagasg, bidh balbh-chluiche, no charades, ag obair glè mhath air-loidhne. Faodaidh sgoilearan tighinn suas don chamara agus am facal a mhìmeadh, gus am faic thu fhèin agus an clas e. Feumaidh an còrr den chlas tuairmse a dhèanamh air an fhacal a bha am pàiste a mhìmeadh.

## Ceann, Gualainn, Glùin is Cas

Freagarrach do: aois sam bith

Cuspair: a' bhodhaig

Air fonn *Head, Shoulders, Knees and Toes*, le gnìomhan. Dh'fhaodar cuid de ghnìomhan fhàgail às nuair a tha iad cofhurtail.

Ceann, gualainn, glùin is cas, glùin is cas,  
Ceann, gualainn, glùin is cas, glùin is cas,  
Is sùilean, cluasan, beul is sròn,  
Ceann, gualainn, glùin is cas, glùin is cas!

## Còmhlán

Freagarrach do: Clas 4-7

Cuspair: ionnsramaidean-ciùil

Faclan a dhìth: *Pìob mhòr, fidheall, drumma, clàrsach*

Tha an geama seo math airson a' chlann a shocrachadh agus fòcas a bhrosnachadh.

Cuir ann an ceithir buidhnean iad, a' leigeil orra gu bheil iad ann an còmhlán mòra. Is iad na buidhnean *pìob mhòr, fidheall, drumma* agus *clàrsach*. Ma smèideas an t-oide an làimh mar stiùiriche, feumaidh iad uile na h-ionnsramaidean aca fhèin a chluich. Ma chluicheas an t-oide aon de na h-ionnsramaidean, feumaidh a h-uile duine an t-ionnsramaid a chluich *ach* am buidheann a tha dha-rìribh ga chluich – cuiridh iadsan an làmh air an cluasan! Iarr air a' chlann cothrom a ghabhail mar stiùirichean.

## Chaidh mi dhan Bhùth...

Freagarrach do: Clas 3-7

Cuspairean: biadh, aodach, beathaichean, ionnsramaidean-ciùil

Dh'fhaodadh iad rud sam bith bho chuspair sam bith a thaghadh aig deireadh na bliadhna!

Rach mun cuairt a' chlas agus gabhaidh gach pàiste cothrom a' cur rudeigin ris an liosta. Feumaidh iad **Chaidh mi dhan bhùth agus cheannaich mi...** a ràdh. An uair sin canaidh iad a h-uile rud air an liosta gu ruige seo, is cuiridh iad aon rud ùr ris. Dh'fhaodar an geama a dhèanamh nas dùbhланаiche don fheadhainn as sine le bhith a' taghadh dath airson gach rud m.e. *Chaidh mi dhan bhùth agus cheannaich mi... geansaidh uaine, briogais orains agus m.s.a.a.*

Ideas for simple Gaelic songs, great for YMI or when teaching about culture.

## Seinn O Churadail (Gun urra)

Freagarrach do: Clas 4-7

Cuspair: cultar, òrain Ghàidhlig

*Seinn o churadail o,  
Seinn seinn churadail o,  
Seinn o churadail o,  
Seinn churadail oro!*

Tha ceithir gnìomhan faramach ann:

*Seinn* – air gach *seinn* buail do bhoisean. (5 buillean de na basan)

*O* (às dèidh *seinn*) – air gach *o* às dèidh *seinn*, gliog do chorragan (2 ghliog)

*Churadail* – air gach *churadail* buail d' uchd (4 buillean uchd)

*Ro* – air an *ro* mu dheireadh, iomair le do ghàirdean (1 iomair)

Teagaisg aon ghnìomh mu seach. Is e an t-amas gum bi sibh a' seinn an t-òran nas luaithe ach leis na gnìomhan ceart gach turas.

## Iomraibh Eutrom (Gun urra)

Freagarrach do: Clas 2-7

Cuspair: cultar, òrain Ghàidhlig

*Iomraibh eutrom hò rò  
Hùraibh o na hoireanan  
Iomraibh eutrom hò rò.*

Nuair a tha an t-sèist aca, cuir ann am buidhnean iad. Cuir ann an loidhne iad agus faodaidh iad leigeil orra gu bheil iad ann am bàta-iomraidh, le caiptean do gach bàta. Feumaidh iad leigeil orra gu bheil iad ag iomradh, ag obair còmhla gus na ràmhnan a ghluasad còmhla aig an aon àm. Aon uair 's gu bheil iad cofhurtail le sin, gabh an t-òran còmhla ris a' ghnìomh.